

*Lengh agus Leasaich*

---

# KASPAR PRIONNSA NAN CAT

---

Notaichean an Tidseir





# *Leugh agus Leasaich*

Tha LEUGH agus LEASAICH a' toirt cothrom leasachadh a dhèanamh air KASPAR PRIONNSA NAN CAT le MICHAEL MORPURGO anns na sgilean a leanas;

- leughadh
- èisteachd agus labhairt
- sgrìobhadh
- cuspairean sòisealta / eachdraidh
- teicneòlas

---

## Curraicealam airson sàr-mhathais – An Dàrna Ìre

Tha na notaichean seo airson beagan cuideachaidh a thoirt dhuibh a thaobh sgilean leughaidh na cloinne. Tha molaidhean ann cuideachd air gnìomhan còmhraidh, èisteachd agus sgrìobhaidh. Tha ceangal ann ri teicneòlas agus eachdraidh.

---

## Eòlasan agus builean

### Èisteachd agus Labhairt

Fhad 's a tha mi ag èisteachd 's urrainn dhomh adhbhar an teacsa, na prìomh bheachdan agus am fiosrachadh a tha a' cur taic riutha aithneachadh agus bruidhinn orra, agus 's urrainn dhomh am fiosrachadh seo a chleachdadh airson diofar adhbharan.

**LIT 2 – 04a**

'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn na tha mi ag èisteachd no a' coimhead le bhith a' freagairt cheistean litireil, ceistean a' sireadh brìgh, ceistean measaidh no seòrsaichean cheist eile, agus a bhith a' faighneachd cheistean de dhiofar seòrsaichean bhuam fhìn.

**LIT 2-079a**



## Leughadh

Tro bhith a' toirt air adhart eòlas air taic co-theacsa, puingeachadh, gràmar agus coltas duilleig, is urrainn dhomh teacsaichean air nach eil mi eòlach a leughadh nas siùbhlaiche agus le tuigse is faireachdainn a tha a' sìor fhàs.

**GAI 2-12a**

'S urrainn dhomh; bruidhinn air structar, caractaran agus/no suidheachadh, tuigsinn dè cho freagarrach 's a tha cuspair an sgrìobhaiche agus mar a tha seo a' buntainn rim eòlasan fhìn agus eòlasan dhaoine eile bruidhinn air stoidhle an sgrìobhadair agus feartan eile a' buntainn ri genre

**GAI 2-19a**

---

## Sgrìobhadh

Le bhith a' beachdachadh air an t-seòrsa teacsa a tha mi a' cruthachadh, 's urrainn dhomh smuaintean agus fiosrachadh iomchaidh a thaghadh, a chur an òrdugh ann an dòigh a tha a' freagairt air m' adhbhar, agus facail a chleachdadh a rèir mo luchd-amais.

**LIT 2-26a**

Tha mi a' smaoinichadh air a' bhuidhe a bhios aig cruth agus coltas an teacsa agus 's urrainn dhomh stoidhlichean litreach, grafaigs agus feartan eile a chur an lùib a chèile airson an sgrìobhadh a dhèanamh tarraingeach don leughadair.

**LIT 2- 24a**

---

## Teicneòlas

Mar a bhios mi a' leudachadh agus ag àrdachadh eòlas air feartan co-cheangailte ri diofar sheòrsaichean bathar bog, a' gabhail a-steach feadhainn a bhios a' cuideachadh le fiosrachadh a lorg, eagrachadh, a' làimhseachadh agus a' ruighinn, 's urrainn dhomh na tha mi ag ionnsachadh a chur an gnìomh ann an diofar shuidheachaidhean.

**TCH 2 – 03a**



## Kaspar, Prionnsa nan Cat le Michael Morpurgo

Coimheadaibh còmhla air còmhdach an leabhair. Faighnich dhan chloinn cò sgrìobh an leabhar agus cò mu dheidhinn a tha an stòiridh. A bheil fiosrachadh sam bith aca mun Titanic? An do leugh duine dhiubh leabhar sam bith eile leis an ùghdar seo?

Thoir sùil air cùl an leabhair. Leugh na tha air a ràdh mun leabhar. A bheil e ag innse na sgeulachd no a bheil e ga cumail car dìomhair?





## *Caibideil 1: Kaspar a' tighinn dhan Savoy*

Brosnaich a' chlann gu bhith a' leughadh le faireachdainn.

- Coimhead mar a tha an stòiridh a' tòiseachadh. A bheil e tarraingeach?
- Thoir sùil air a dhà no trì leabhraichean eile agus beachdaich mar a tha iadsan a' tòiseachadh.
- Dè tha ùghdar ag iarraidh air an leughadair smaoineachadh nuair a leughas e/i a' chiad dhuilleag?
- Cò an caractar a tha ag innse na sgeòil? Dè an obair a bh' aige?
- Bruidhinn mu na caractaran a tha a' nochdadh ann an caibideil 1? Bruidhinn mu na h-obraichean a bh' aca.

Beachdaich air faclan; dabhdail, ladarnas, a' rùsladh.





## STÒR FHACLAN (duilleag-obrach)

Mairs iad seo:

<b>naoidhean</b>	luchd-tadhail
<b>cliùitich</b>	bèibidh
<b>màileid</b>	rud nach eil rèidh
<b>cocannta</b>	daoine ainmeil
<b>aoighean</b>	baga
<b>ag aomadh</b>	rudan a bha an urra rium a dhèanamh
<b>dleastanasan</b>	a' lùbadh

### Eadar-sgaradh

Iarr air na sgoilearan as sine / as misneachaile faclairean, me, Dwelly, a chleachdadh airson fuasgladh fhaighinn air a' ghnìomh. Iarr air a' chloinn as òige / a dh'fheumas misneachd coimhead air na faclan **naoidhean** agus **aoighean** san Stòr Fhaclan, agus an ciall ionnsachadh.



- Inns dhan chloinn dè tha am facal telegram a' ciallachadh. Lorg eisimpleir de thetelegram air an eadar-lìon.
- Dè am far-ainm a bh' aca air a' Bh-uasal Blaise? Carson?

D18 Lorg 4 buadhairean a tha ag innse cò ris a bha Kaspar coltach.





## *Caibideil 2: Chan e Seonaidh Trott idir*

Mus leugh sibh Caibideil 2, beachdaich air an t-seòrsa còmhhdhail a th' anns an dealbh. A bheil e ag innse dhuibh dè an linn anns an deach an stòiridh a sgrìobhadh? An e sgil sgrìobhaidh shònraichte a tha seo?

- Dè na faireachdainnean a tha an t-ùghdar a' dùsgadh annad aig toiseach caibideil 2?
- Saoil cò ris a bhiodh e coltach a bhith a' fàs suas ann an dachaigh-chloinne?
- Dè an iomhaigh a bh' aig Seonaidh de a mhàthair?
- Càite, sa chaibideil, a bheil e ag innse gun robh earbsa aig Seonaidh ann am Freddie?
- Mìnich am facal **dùraig**. Cleachd Faclair na Sgoile airson do chuideachadh.
- Ciamar a bha Seonaidh a' feuchainn ri toirt air Kaspar meas a bhith aige air?





## *Caibideil 3: Taibhse san sgàthan*

- Dè na faireachdainnean a tha an t-ùghdar a' nochdadh ann an caibideil 3?
  - Ciamar a chuidich Freddie Seonaidh dèiligeadh ris na faireachdainnean aige fhèin/aig Kaspar?
  - Smaoinich Seonaidh air rudeigin a chuidicheadh Kaspar. Dè bh' ann agus carson a bha seo gu bhith na thrioblaid do Sheonaidh?
  - An do dh'atharraich cùisean air sgàth sin?
  - Mìnich dè th' ann an caviar. Cleachd faclair no an t-eadar-lìon gus do chuideachadh.
- 







## Caibideil 4: Coma co-aca

- Dè a' bhuidh a bh' aig Ealasaid air beatha Khaspair?
- An robh suidheachadh Sheonaidh na bu shoirbhe/ na bu dhoirbhe leis gun do ghabh Ealasaid cùram Khaspair? Mìnich.
- Dè b' fheàrr le Ealasaid a ghabhadh daoine oirre?
- A bharrachd air a bhith a' coimhead às dèidh Prionnsa nan Cat, dè eile a bu toigh le Lizziebeth a bhith a' dèanamh?
- Gnàthas-cainnt – 'gheibh mi mo leabhraichean' (d78)

Dh'fhaodadh iad dealbh èibhinn a dhèanamh den ghnàthas-cainnt airson a chumail nan cuimhne.

- Saoil carson is e 'Coma co-aca' a tha air a' chaibideil seo?
- Dè tha air innse mu Lizziebeth sa chaibideil seo a tha a' sealltainn cho measail 's a tha i air beathaichean/eòin?
- Dè tha an t-ùghdar a' dèanamh aig deireadh na caibideil airson aire an leughadair a chumail?

A bheil thu eòlas air na faclan seo? Sgrìobh nad leabhar iad agus lorg iad san fhaclair.

sùrdag	cagair
aoibhneas	uallach
suaicheantas	casa-gobhlach
ban-taoitear	sgeul-rùin
diombach	a' caoidh
pireach	

### Eadar-sgaradh

Iarr air a' chloinn as sine / as misneachaile litreachadh gach facal ionnsachadh.

Iarr air a' chloinn as òige / a dh'fheumas misneachd sealltainn dhut, le bhith ga dhèanamh gu dè th' ann an sùrdag, casa-gobhlach, aoibhneas, a' caoidh.






## Caibideil 5: A' gabhail a saorsa

Lorg dè tha na gnìomhairean a leanas a' ciallachadh?

**Mìneachadh**

**Dealbh**

a' plogartaich	
a' burralaich	
a' crònan	
a' tuisleachadh	
a' piocadh	



### Eadar-sgaradh

Iarr air a' chloinn as sine/ as misneachaile ciall gach gnìomhair fhaighinn a-mach.

Iarr air a' chloinn as òige/ a dh'fheumas misneachd na dealbhan a dhèanamh às dèidh dhut bruidhinn riutha mu na faclan.





- Dè rinn Lizziebeth gus nach biodh fhios aig a' Chlaigeann gun robh Kaspar ann an rùm Sheonaidh?
- Tha an t-ùghdar a' sealltainn gur e gaisgeach a bh' ann an Seonaidh. Ciamar a sheall e seo?
- Cò nach robh toilichte mu na thachair? Inns carson.
- Lorg 5 gnìomhairean anns an **tràth chaithte**. me shreap, ghabh

Facal ùr – meantraig – definition

WORDSEARCH leis na faclan a leanas;

**BURRALAICH**  
**CALMAN**  
**CRIOMAGAN**  
**FIARADH**

**GAISGEACH**  
**LIÙG**  
**MIAL**  
**SEONAI DH**

**PÀISTE**  
**SAVOY**  
**TAIDHLE**  
**TITANIC**



C	Z	C	L	S	M	L	L	O	E	M	B	M	U	D
J	B	C	G	Q	E	Z	D	K	S	K	N	L	I	X
A	Q	V	U	X	A	O	Q	V	W	L	I	Y	V	R
F	I	A	R	A	D	H	N	N	X	F	I	I	A	G
H	F	M	X	C	A	L	M	A	N	W	I	Ù	U	J
G	A	I	S	G	E	A	C	H	I	B	C	Y	G	C
E	A	E	Z	Y	B	Q	O	T	N	D	H	B	I	J
T	X	P	À	I	S	T	E	A	V	J	H	N	L	X
M	O	N	M	W	F	H	G	W	C	C	A	N	Y	T
B	U	R	R	A	L	A	I	C	H	T	T	O	X	A
A	W	K	X	N	M	M	G	M	I	E	V	Z	M	I
Y	Q	K	B	O	D	I	U	T	S	A	J	N	L	D
U	M	C	I	W	B	A	G	E	S	R	Z	M	A	H
K	D	R	T	L	T	L	M	T	K	N	N	Z	T	L
R	C	U	F	H	P	M	H	D	Q	F	Z	R	R	E

### Eadar-sgaradh

Iarr air a' chloinn as sine/as misneachaile na faclan air nach eil iad eòlach a lorg san fhaclair.

Iarr air a' chloinn as òige/a dh'fheumas misneachd 6 de na faclan anns a' chlàr a lorg.





## Caibideil 6: Falaiche


- Carson a bha Seonaidh a' faireachdainn caran mì-thoilichte a bhith a' gabhail an airgid?
- Cò nach robh a' creidsinn ann an tuiteamas?
- Dè an roghainn a thug an Claigeann do Sheonaidh? A bheil iad den bheachd gun robh sin cothromach?
- Dè na faireachdainnean a bh' aig Seonaidh mun roghainn?

### Nota tidseir

Bho na tha iad air a leughadh gu ruige seo, iarr air a' chloinn coimeas a dhèanamh eadar beatha Sheonaidh agus beatha Lizziebeth.



- Ciamar a fhuair Lizziebeth a-mach mun airgead a thug a h-athair do Sheonaidh?
- Fhuair Seonaidh cead a dhol a Southampton. Ciamar?
- Dè na faireachdainnean eadar-dhealaichte a tha an t-ùghdar a' toirt far comhair sa chaibideil seo?
- Tha a' chaibideil a' crìochnachadh le 'tionndadh' anns an stòiridh. Carson a tha seo cudromach dhan leughadair/ùghdar?





## Caibideil 7: "Chan eil ann ach Beinn-deighe"

Coimheadaibh air an dealbh còmhla.

- Dè a' chiad rud a sheall nach b' e aon den chriutha a bh' ann an Seonaidh?
- Cò an fheadhainn air a' bhàta, ann am beachd Sheonaidh, a bu choltaiche ris fhèin?
- Dè rinn Seonaidh a leig fhaicinn dha na seòladairean gum b' e falaiche a bh' ann?
- td149 'cha tug iad mòran feairt orm.' Bruidhinn mun fhacal 'feairt'.
- Ciamar a choinnich Seonaidh ri Mitch Beag?
- Bruidhinn mun obair a fhuair na falaichean. Ciamar a bha iad coltach/ ao-coltach ris an luchd-obrach eile?
- Carson nach robh Seonaidh air an teaghlach Stanton fhaicinn gu ruige seo?
- Ciamar a bha e a' faireachdainn mun seo?
- Dè an ceangal a rinn an t-ùghdar eadar aisling Sheonaidh agus an tubaist?

Coimhead air na faclan 'criothnachadh agus crathadh' agus 'turaraich is tartaraich'.


'S e uaim a chanas sinn ris an seo nuair a tha faclan a' tòiseachadh leis an aon litir/ litrichean. Dè an seòrsa sgrìobhaidh anns am faic thu seo tric?

### Ceann-naidheachd.

- '**Chan eil ann ach beinn-deighe**' Dè am facal cudromach a tha an t-ùghdar a' cleachdadh an seo?  
Minich carson a tha e cudromach.



- An uair a tha an t-ùghdar a' sgrìobhadh tuairisgeul, a bheil e a' cleachdadh sheantansan fada no goirid? Cuin a tha e a' cleachdadh sheantansan goirid agus dè a' bhuidh a th' aig seantansan goirid. (d149 agus d162)
- 





## *Caibideil 8: Boireannaich is clann an toiseach*

- Ciamar a tha na dealbhan nan cuideachadh don mhac-meanmna?
- Aig toiseach na caibideil, tha an t-ùghdar a' toirt dhuinn dealbh de shuidheachadh neo-èiginneach. Carson a shaoil muinntir na sgeòil nach robh èiginn sa chùis?
- Cuin a fhuair na Stantons a-mach gun robh Seonaidh air bòrd?
- (d173) Ciamar a tha an t-ùghdar a' sealltainn nach robh cus ùpraid no clisgeadh ann?
- (d188) Tha e a' sealltainn dealbh eadar-dhealaichte air an t-suidheachadh. Dè na faclan a tha ag innse seo?
- Shuain Seonaidh Kaspar ann am plaide. Thoir dà adhbhar airson seo.
- Ciamar a tha fios agad nach do rinn Seonaidh strì airson faighinn air bàta-teasarginn?
- Cò, ann am beachd Sheonaidh, a bha na fhìor ghaisgeach an oidhche ud?

A bheil thu eòlach air na faclan seo?

**stòlda  
imcheist  
nan tost  
cagar  
a' dùrachdainn.**

Sgrìobh nad leabhar iad agus lorg iad san fhaclair.  
Cleachd Faclair na Sgoile no Am Faclair Beag air-loidhne.





## Caibideil 9: "Gur math a thèid dhuibh, agus gum beannaicheadh Dia sibh"

Ciamar a tha an dealbh aig toiseach na caibideil a' cur ri co-fhaireachdainn na cloinne?

Leugh caibideil 9.

Carson nach b' urrainn dha na fir am bàta-teasarginn a chur air bhog?

Dè na faireachdainnean a bh' aig a' chloinn nuair a leugh iad eadar d193 agus d204?

Coimhead air an dealbh air d198/199. Smaoinich air gnìomhairean agus buadhairean a bhiodh freagarrach air a son.

(Dèan clàr le gnìomhairean air aon taobh agus buadhairean air an taobh eile)

Gnìomhairean	Buadhairean

### Eadar-sgaradh

Iarr air a' chloinn as sine/as misneachaile Faclair na Sgoile no Am Faclair Beag a chleachdadh airson dèanamh cinnteach gu bheil na faclan san àite cheart.

Iarr air a' chloinn as òige/a dh'fheumas misneachd bruidhinn riut mu na tha a' tachairt anns an dealbh (gnìomhairean) agus mu fhaireachdainnean (buadhairean).



Ciamar a shàbhail Mitch Beag na daoine a bh' anns a' bhàta-teasarginn còmhla ris?  
Dè tha seo a' sealltainn dhuinn mun character seo?

---





## Caibideil 10: Beatha ùr

- Carson a dh'fheumadh 'còmhradh' a bhith eadar Mgr Stanton agus ùghdarras nan in-imrichean mu Sheonaidh?
- Gnàthas-cainnt  
**An car a th' anns an t-seana mhaide, is duilich a thoirt às.**  
Dè tha seo a' ciallachadh? Coimhead air na tha sgrìobhte roimhe agus às a dhèidh.
- Dh'fhàs Lizziebeth tinn. Dè bha ceàrr oirre? Bha an caractar aice gu math làidir ann an dòigh eile. Ciamar a tha fios againn air an seo?

Coimhead, air-loidhne, air na h-àiteachan dhan tug an teaghlach Stanton Seonaidh ann an New York. Sgrìobh 3 pìosan fiosrachaidh mu gach rud nad leabhar.

- Togalach Stàit na h-Ìompaireachd
- Ìomhaigh na Saorsa
- An t-Eilean Fada
- Pàirc a' Mheadhain

- An tàinig an aon rud a bha a' cur dragh air Seonaidh ann an Ameireaga gu buil? Mìnich carson.
- Cò ris a choinnich Seonaidh aig an loidhne-aghaidh san Fhraing ann an 1917?
- Dè an obair a bh' aca nuair a thill iad a dh'Ameireaga?
- Inns dè bha Lizziebeth ag iarraidh a dhèanamh airson a cò-là-breith?
- Dè na faireachdainnean a bh' aca a' dol tarsainn an Atlantaig/ aig an Savoy?
- Bruidhinn air mar a chrìochnaich an stòiridh. An ann mar seo a bha iad am beachd a chrìochnaich i? Sgrìobhadh iad fhèin deireadh ùr dhan sgeulachd.

### Eadar-sgaradh

Iarr air a' chloinn as sine/ as misneachaile caibideil eile a sgrìobhadh a' cumail nan aon characteran/ shuidheachaidhean.

Iarr air a' chloinn as òige/ a dh'fheumas taic innse dhan chlas 3 rudan a dh'ionnsaich iad mun Titanic.





*Faodaidh na duilleagan a leanas a bhith air an cur ann an àite freagarrach tron leabhar no aig an deireadh.*

## SGRÌOBHADH

Dh'fhaodadh a' chlann notaichean a sgrìobhadh mun fhiosrachadh a lorg iad mun Titanic agus pìos sgrìobhaidh a dhèanamh a' cleachdadh nan notaichean.

'S dòcha gum b' urrainn dhaibh còmhach aghaidh agus cùil ùr a dhèanamh airson an leabhair le bhith a' cleachdadh pàipear A4 paisgte.

### Eadar-sgaradh

Iarr air a' chloinn as sine/as misneachaile plana a dhèanamh airson aithisg-naidheachd le bhith a' coimhead air pàipearan.

Iarr air a' chloinn as òige/a dh'fheumas misneachd plana a chaidh a dhèanamh dhaibh a lionadh.



## CARACTARAN

Caractar	Cò ris a bha iad coltach	Far an a bheil dearbhadh san leabhar
Seonaidh		
A' Bhan-iarla Kandinsky		
Kaspar		
An Claigeann		
Lizziebeth		
Mitch Beag		
Luchd-siubhail an Titanic		

### Eadar-sgaradh

Iarr air a' chloinn as sine/as misneachaile an clàr a lionadh le glè bheag de thaic.

Iarr air a' chloinn as òige/a dh'fheumas misneachd an clàr a lionadh còmhla ri sgoilear a tha nas sine/nas misneachaile no còmhla ris an tidsear.





## LABHAIRT

Ciamar a bhiodh an stòiridh às aonais Sheonaidh, Kaspar, a' Bhan-iarla, Lizziebeth, an Titanic? Bruidhinn air cho cudromach 's a tha caractaran làidir ann an stòiridh.

Ann am buidhnean, an urrainn dhaibh smaoinichadh air 4 ceistean a chuireadh iad air Seonaidh /na caractaran eile.

Dh'fhaodadh cuid dhen chloinn àite nan caractaran a ghabhail agus feuchainn ris na ceistean a fhreagairt.

**GAI 2-17a**


Sgrìobh òraid ghoirid mun Titanic – nan aonar no ann am buidhnean.

**LIT 2-06a**

### Eadar-sgaradh

Iarr air a' chloinn as sine/as misneachaile òraid a dhèanamh a' cleachdadh Smartboard airson a libhrigeadh.

Iarr air a' chloinn as òige/a dh'fheumas misneachd 3 rudan a dh'ionnsaich iad mun Titanic innse do chàch sa chlas.





Dèan aithisg leabhair.

Tìotal \_\_\_\_\_

Ùghdar \_\_\_\_\_

Dealbhadair \_\_\_\_\_

Geàrr-chunntas air an stòiridh \_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

Am pìos a b' fheàrr leam \_\_\_\_\_

oir \_\_\_\_\_

Am pìos nach do chòrd rium \_\_\_\_\_

oir \_\_\_\_\_


Am moladh tu an stòiridh do sgoilearan eile? Inns carson. \_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

**Measadh**

Cia mheud rionnag a bheireadh tu dhan leabhar a-mach à 5





### Eadar-sgaradh

Iarr air a' chloinn as sine/as misneachaile a bhith mothachail air na sgrìobhas iad sa gheàrr-chunntas.

Iarr air a' chloinn as òige/a dh'fheumas misneachd an clàr a lìonadh còmhla ri caraid.

